

5,5099

# AN CUAIRTEAR



---

A' PHRIS, TRI SGILLINN.

---

AN COMUNN GAIDHEALACH,  
212 WEST GEORGE STREET,  
GLASGOW,  
1934.

Tha an cruinneachadh so de rosg is de bhàrdachd air a thaghadh bho dheuchainnean a bha air an cur an earrannan an Litreachais is a' Bheoil-aithris an co-fharpaisean a' Mhòid—Earrann na h-Oigridh.

Tha iad air an cur a mach anns an leabhar bheag so an dòchas gu 'm bi iad air am faotainn feumail is 'nan cuideachadh do luchd-teagaisg agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, gu sònraichte anns na sgoilean oidhche a tha nis cho llonmhor air feadh na dùthcha.



# AN CUAIRTEAR.

---

## CUIDEACHD NA CEILIDH.

Ach ged nach robh sgoil anns gach dorus, agus paipear naidheachd agus leabhrainchean anns gach tigh, bha iomadh dòigh air fòghlum fhaotainn agus air geurachd a chumail beò. Bha e 'na chleachdainn, mar a tha fhios agaibh, aig na Gàidheil cruinneachadh ann an tigh na céilidh; agus tha sinne an nochd a' dol a shuidhe cùl an doruis a dh'eisdeachd ris na bheil a' dol aig a' chéilidh agus an oidhche a chur seachad le órain, le sgeulachdan, le cleasan, le naidheachdan, agus le fealla-dhà. Theagamh gu'm biodh Niall Sunndach, an tайлlear, an sin, a bha eòlach air gach seanachas a bha a' dol feedh na dùthcha; oir cha robh suiridh no pòsadh eadar dà chloich na dùthcha air nach biodh Niall min-eòlach. Mur a biodh esan an sin bhiodh Domhnall Frionach, an greusaiche, ann le freagairtean cho geur ris an sgithinn-leathraich aige agus cho biorach ris a' mhinidh. Timchioll air an tайлlear chruinnicheadh gillean agus nigheanan a' bhaile gu léir. Bhiodh Eoghan Airean ag caradh acfhuinn nan each; Alasdair Iasgair a' tapadh dhubhan, no a' deanamh mhagharr; Calum Ciobair ag cur snais air cromaig aluinn, chuilinn; Baldi Buachaille ag uidheamachadh camain sheilich; Paraig Mór, an sgalag, a' sgriobadh shlat air son cliabh mòna; agus Gibi nan gèadh 'na shineadh ann an cùil na mòna is ag cur caorain thioraim, an dràsda 'sa rithis, air teine, agus ag cumail nam madadh fo smachd. Bhiodh na mnathan le an obair féin aca; bean an tighe a' sniomh; Mór Ruadh ag càrdadh; Ceit Bhaldi a' Chladaich a' figheadh stocaidh; agus a' bhanarach mhór ag càradh an t-siolachain.

—*An t-Ollamh Blàrach.*

## CHA ROBH IAD EOLACH 'S A' CHLADACH.

Thainig duine còir, á meadhon tire, agus ghabh e fearann aig taobh a' chladaich ann a h-aon de na h-Eileanan a siar. Thug e a chuid sheirbhiseach leis do'n Eilean ás an aite ás an d'thainig e féin. Fhuair e báta is lion-iasgaich, agus

rudan eile a bhiodh feumail do neach a bhiodh a dhachaidh air cladach a' chuain; agus feumar aideachadh gu'n robh an dòigh anns an rachadh an duine còir so agus a ghillean mu'n cuairt air an gnothach anns a' chladach, 'na aobhar gaire do mhuinnitir na dùthcha.

Bha an tuathanach so agus a ghillean a mach air an tràigh aon latha; bha dà chairt aca leis an robh iad ag cur feamann a suas do bhràigh a' chladaich. An uair a thainig an t-ám bidh dh'fhàg na fir na cairtean aig isle na tràgha far an robh an fheamainn, agus dh'fhalbh iad féin is na h-eich dhachaidh. Ach an uair a thill iad, bha na cairtean ach beag ás an t-sealladh anns an t-sàile. Rinn iad an gearan ri h-aon de na coimhairsnaich a thaobh is mar a dh'éirich dhoibh.

"Nach math nach d'fhàg sibh na h-eich a mach," ars am fear ud, "no bhiodh iad 'nan eich-uisge mu'n tigeadh an t-ám so màireach."

I. M. P.

### CATH NAN CON.

Shiubhail mi air feasgar o cheann ghoirid a slos gu còmhnràd na mara agus ri taobh alltan bòidheach aig an robh crònán fonnmhòr. Cha robh duine leam ach mi féin ach lean cù chaorach mi ás an tigh 'san robh mi a' fantainn.

Co a chunnaic mi a' tighinn am choinneimh ach an clobair, agus an caraibh a' chéile ghabh aon de na coin aige-san agus an cù agamsa. Bha am fear aige-san beagan na bu mhò na m'fhear-sa, ach cha robh dad aca ri mhaoidheadh air a chéile a thaobh spionnaidh agus diorrails. Cha robh feum dol 'nan còir oir cha ghéilleadh a h-aon seach aon cho fad 'sa b'urrainn dha cur air a shon féin. Mu dheireadh thuit an dà laoch a stigh do'n t-sruthan, ach eadhon an sin cha b'urrainn dhaibh sgur de shabaid. Greis bhiodh iad an uachdar, agus air uaibh bhiodh iad fo'n uisge; ach, gus an deachaidh an clobair a mach dh'ionnsuidh nan glùinean agus an d'rug e air a chù féin air chìl amhaich, cha d'thàinig lasachadh air an iomairt. Co uime bha'n iorghaill? Bhá e duilich a dheanamh a mach, oir, coltach ruinn féin, tha coin glé ealamh gu a chéile 'bheubanachadh. Samhladh eile a thug mi ás an t-sealladh ud: nach gabh cù no duine móran comhairle aon uair is gu'm bheil e an caraibh a nàmhaid. C'ar son a ghabhadh? Is ann aige féin a tha ri fulang air son a chuid mi-thapaidh, agus chan ann aig luchd-gabhair na spòrsa.

Tha na coin glé choltach ri daoine an iomadh rathad, ach cha dlobair iad a chéile mar a ni sinne. Ma tha iad cárdeal chan i an fhealla-dhà tighinn eatorra, agus ma's naimhdeas e gheibhear gu leoir dheth.

A. M. E.

### BRISTEADH NA FAIRE.

Bha an òg-mhaduinn a' bristeadh air an t-saoghal, cha b'ann le eadar-sholus fann agus doilleir, le ceòtharaich uisge, agus neòil dhubha, dhorcha, a' siubhal air falbh, agus ciarimeachd na h-oidhche ag gabhail seachad gu h-athaiseach, mar thachras gu tric 's an dùthaich so; ach bha a' mhadoinn a' bristeadh air an t-saoghal mar is àbhaist ann an tir na h-àirde 'n ear, gu h-obann, gu soilleir, gu grianach, agus gu h-àillidh. Theich an dorchadas gu grad, cha robh leud na boise de neul ri fhaicinn 's an iarmait, agus dh' eirich a' ghrian mhór gu h-uaibhreach, glòr-mhor ri uchdach nan speur, a' deanamh gairdeachais 'na neart. Dhùisg sluagh a' bhaile bhig d'am b'ainm Dothan, gu beatha, gu dèanadas agus gu saothair. Thilgeadh fosgailte gach dorus; thug cuid orra gu mullach nan tighean, agus chiteadh an sin iad ri h-urnuigh, air neo a' seanachas agus ag conaltradh ri chéile, ach bha a' chuid bu lionmhoire 'nan deann-ruith chum an obair a chur air aghaidh mu'n tigeadh an latha gu a làn theas.

—*Caraid nan Gaidheal.*

### MIANN A' BHAIRD AOSDA.

Tha e coltach gu'n robh tlachd mhór aig na bàird anns gach linn, agus gach dùthaich, a bhi ag cur cuid de'n àine seachad ri taobh nan sruthan uisge. Gheibh sinn na's fhaisge air ar latha fhéin, bàrd binn milis Loch-Abar, Eoghann MacLachainn, ann an "Oran an t-Samhraidh," ag innseadh an taitneis a bha aige ann a bhi ag gabhail a chuairet ri taobh nan aibhnichean:—

"B' e m'éibhneas riamh 'n uair dh'éireadh grian  
 Le 'ceud ghath tiorail blàth oirnn,  
 Bhi ceumadh sios gu beul nam min-shruth,  
 'S réidh ghorm lith mar sgàthan;  
 A' snàmh air falbh, gu sàmhach balbh,  
 Gu cuantaibh gailbheinn sàil-ghlais,  
 Troimh lùbaibh càm le srathaibh ghleann,  
 Tha tilgeadh greann a' Mhàirt dhiubh."

Chan 'eil teagamh nach robh na bàird a' faotainn tomhais àraidh de shòlas balbh ann an co-chomunn nan uisgeachan. Agus ann a bhi ag éisdeachd ri crònán trom, tiamhaidh nan allt, a tha ann an tomhas mór glé choltach ri beatha nam bàrd féin; a bhiodh iomadh uair gu bruailleanach, dorcha, trioblaideach, agus aig amaibh eile a' siubhal gu sèimh, ciùin, ceòlmhor. Agus mar a thachair do na h-uillt, bu tric leis na bàird a bhi gu h-aonaranach, agus gun fhios do'n t-saoghal, a' taomadh a mach an caoidh agus an gearain ann an diomhaireachd am faireachaidhean fhéin.

Far an do mhiannaich am “ bàrd aosda ” a bhi, cha robh ni truaillidh ri bhi 'na phàilliun :—

“ Mu'n cuairt do bhruachaibh àrd mo ghlinn,  
Biodh lùbadh gheug is orra blàth,  
'S clann bheag nam preas a' tabhairt seinn  
Do chreagaibh aosd' le òran gràidh.”

Anns an dàn so tha am bàrd a' toirt dhuinn ath-shealladh air a bheatha gu h-iomlan. Tha e a' tòiseachadh le làithean sona na h-òige, an uair a bha 'aignidhean glan gun truaill-eadh, a chridhe maoth agus neo-lochdach. An uair a bha e comasach air làn thoil-inntinn a ghabhail ann am maise agus oirdhearcas a' chruinne-ché: blàthan na machrach a' dealradh mu'n cuairt air 'nan glòir: an spréidh le an àl ag ionaltradh air gach cluain agus blàr: mactalla, le a ghuth fada, fann, a' freagairt “ òrain ghràidh clann bheag nam preas:” na h-uain òga, agus na minn bheaga, an uair a bhiodh iad sgith de'n cluich agus de am mireig, ag cadal gu sèimh 'na uchd :—

“ Freagraidh gach cnoc agus gach sliabh,  
Le binn fhuaim geur nan aighean mear;  
An sin cluinnidh mise mìle geum,  
A' ruith mu'n cuairt domh 'n iar 's an ear.

Mu'n cuairt biodh lùth-chleas nan laogh,  
Ri taobh nan sruth, no air an leirg,  
'S na minnein bheag' de'n chòmhraig sgìth,  
'Nam achlais ag cadal gun cheilg.”

## CIOBAIREACHD.

Aig gach ám de 'n bhliadhna tha obair a' chlobair a' dol air a h-aghaidh. Tha i mar an cuan mór—gun stad gun fhois.

Anns a' gheamhradh feumaidh an clobair a bhi am muigh ri fuachd 's ri gaillinn, agus a bhi gu furachail an tòir air an spréidh. Aig an ám ud de' n bhliadhna is àbhaist sneachdannan móra a bhi ag còmhdaich gach bealaich.

Bithidh na caoraich mar sin ann an cunnart mór a bhi air an slugadh suas anns na cuitheachan sneachda, agus is iomadh latha fuar, reòdhta a dh' fheumas an clobair bochd a bhi a muigh air an lorg.

Ach an uair a dh' fhalbhais an Geamhradh agus a thig an t-Earrach le frasan ciùine, agus am Màrt le a ghaothan sgaiteach, togaidh iad an sneachda bhàrr nan sliabh, agus curidh iad na sruthain bheaga, 'nan deann-ruith gu tràigh.

Tha gach nì, mar sin, a' tabhairt fiughair gu'm bheil a' ghrian chòir air tilleadh bho a turus do'n Airde Tuath; tha gach ni beò a' feitheamh air teachd an t-Samhraidh, agus an sin is aoibhneach da-rìreadh beatha a' chlobair.

## FO DHUBHAR CRAOIBHE.

O chionn latha no dhà bha mi ag gabhail cuairt a muigh air an dùthaich. Bha an latha tioram, sgairteil, agus a chionn gu'n robh an rathad car cruaidh air na casan shuidh mi sios aig bun craobhie a leigeil m'analach. Bha mo mhac beag, Tómas, còmhla rium agus thòisich e air cur cheistean orm mu gach nì a bha e a' faicinn 's a' cluinntinn.

Bha meanganan na craobhie a' sgaoileadh a mach os ar cinn agus bha na gucagan beaga, donna air ti briseadh a mach le fionnarachd an Earraich.

"Athair," ars' am fear beag, "nach grànda na craobhan sin. Tha iad cho dubh, salach, 's chan 'eil duill-eagan air gin aca."

"O cùm ort," arsa mise, "cha d'thainig an t-ám aca fhathast air son duilleach a bhi orra. Cha d'thainig an Samhradh fhathast."

"Thainig an Samhradh," ars' esan gu beachdail.  
"Nach e an diugh *Latha Bealltuinn?*

"C'ait' an euala tusa 'm falas sin, a bhalaich?"

"Chuala aig mo sheanair an uair a bha sinn anns an Eilean Sgitheanach an uiridh."

“ Agus gu dé tha e ag ciallachadh, a Thómais?”

“ Chan ’eil fhios agam, gu dearbh,” fhreagair esan, “ ach na’m biodh mo sheanair faisg orm dh’innseadh esan domh. Is e duine iongantach a tha ’nam sheanair.”

“ Am bheil thu an dùil am bheil duine idir anns a’ bhaile so aig am bheil fios gu dé tha *Latha Bealltuinn* ag ciallachadh?”

“ Chan ’eil duine; gu dé’n ciall a tha acasan do ghnothaichean Gaidhealach? Ach,” ars’ esan, “ c’ ar son a bha Mairi, mo phiuthar, a muigh cho moch anns a’ mhadtuinn?”

“ An robh i air a cois cho moch sin?”

“ O, bha,” ars’ esan, “ bha i a muigh mu’n robh e sè uairean, agus thill i an sin ’sa h-aodann cho salach ’sa ghabhadh e ’bhith.”

“ O, bha i ’ga nigheadh fhéin ann an dealt a’ Chéitein,” arsa mise.

“ Gu firinneach is ann,” arsa Tómas, “ chuala mi mo sheanmhair a’ bruidhinn air dealt a’ Chéitein.”

Sheall e mu’n cuairt, stad e; sheall e a rithis a null agus a nall. “ Cluinnibh sud, ’athair!” ars’ esan. Gu dé am fuaim a tha sud? Tha e coltach ri “ Cloc ” mór mo sheanair.”

Cha b’urrainn mi gun gàire a dheanamh, oir chuimhnich mi gu’n robh naireadair ann an taigh a sheanar, agus an uair a bhitheadh e a’ bualadh nan uairean is ann le ’fuaim Cuthaig’ a dheanadh e e.

“ Sud a’ chuthag,” arsa mise, “ isean dìreach mar a bha ann an uaireadair do sheanar.”

“ Nach feuch an glac sibh i, dh’fheuch an toir mi dhachaidh leam i.”

“ Chan fheuch gu dearbh; dh’ittheadh an cat dubh i,” arsa mise, “ agus bhitheadh tu an uair sin duilich gu’n do ghlaic thu i.”

“ O, leighbh leatha, ma tà,” ars’ esan. “ Ach, ’athair, gu dé tha an duine ud a deanamh? Faicibh an smùr a tha e a’ togail?”

“ Sud agad an tuathanach ag cur an t-sìl. Nach fhaca tu do sheanair a’ deanamh a leithid cheudna?”

“ Chunnaic,” fhreagair esan gu h-uailleil, “ a h-uile rud ceart a chunnaic mi riagh is ann aig mo sheanair a chunnaic mi e.”

" Sin thu fhéin, a Thómais, mo ghille glan ! Bi duineil an còmhnuidh air son do dhùthcha 's do dhaoine. Ach feum-aidh sinn a bhi a' falbh dhachaidh, agus—a Thómais—tha do sheanair a' tighinn air an t-seachduin so agus bheir e leis thu gu Tír nam Beann."

Las a shùilean le aoibhneas; b'uallach, iollagach a dhannsadhbh e air a thurus dhachaidh, agus an dràsda 's a rithis, theireadh e air a shocair—agus e seasamh suas mar gu'm bitheadh a chridhe làn de spiorad nan seann laoch—

" Tír nam beann, nan gleann 's nan gaisgeach."

*An Deo Griene, Vol. 7.*

AM BUACHAILL.

### SPIORAD NA H-AOISE.

" Cha do rinn thu tàir air coibhneas agus aoidheachd nam bochd, ghabh thu ann an càirdeas na thairgeadh gu fialaidh; cha do nàraich thu an t-ainnis—leis a so naisg thu an dìlseachd. Sheas thu do ghealladh, lean thu an spréidh, choisinn thu do dhuais. Dh'earb mi do mhisneach. Cha do mheataich duilgheadas thusa; chuir thu do ghuala ris 's chaidh leat. Dh'fhiorsaich thu nach robh madadh na maoile-móire, fitheach dubh an fhàsaich, no dóbhran donn an iasgaich, gun am feum. Cha d'thug thu géill; agus a nis, a Chaomhain, mhic Ghòrla-nan-treud, éisd riùm."

" Aisig," ars' thusa, " dhomh mo phiuthar aillidh agus bràithrean mo ghaoil a tha agad fo dhruidheachd." — Fo dhruidheachd, a Chaomhain ! Ciod e druidheachd ? Inn-leachd charach nan cealgach, leisgeul baoth nan gealtach. Ciod e druidheachd ? Bòcan nan amadan, culaidh-uamhais nan lag-chridheach, ni nach robh, nach 'eil 's nach bi. An aghaidh an dleasnaich 's an fhìrein, chan 'eil druidheachd 'na h-innleachd. Do phiuthar, àilleagan an fhuilt òir 's na cìre airgid, gheibh thu leat dhachaidh; ach do 'bhràithrean, ged tha iad beò rinn leisg is mi-dhìlseachd iad 'nan allabann-aich gun dachaide, gun charaid. Imich thusa chum taighe d'athar, a Chaomhain, agus taisg ann ad chridhe na chunnaic is na chuala."

" Agus có thusa," arsa Caomhain, " a tha labhairt ?"

" Is mise," ars' an seann duine, " Spiorad na h-aoise. Slàn leat, a Chaomhain ! Beannachd na h-aoise gu'n robh air do shiubhal 's air d'imeachd."

*Earrann de'n sgeul bho'n leabhar " Na Daoine Sithe is Uirsgeulan eile."*

## AN GLEANNAN.

Fàilt ort fhéin a Ghleannain chiùin  
 Le d' choilltean dlùth gu h-ùrar, grinn ;  
 'S e miann gach dùil bhi teannadh dlùth  
 A dh'éisdeachd ciùil do lùb-uillt bhinn.  
 Tha d'aghaidh mhìn le mìltean blàth  
 Fo'n osaig thlàith air làr an fhuinn ;  
 Tha 'n gean 's an t-àgh air slios do mhàigh  
 A' toirt na bha a rìs am chuimhn'.

Tha 'n Tùr\* ud shuas 'na sheasamh fuar,  
 Air bàrr a ghruaig tha snuadh na h-aois ;  
 Gun cheòl, gun fhuaim, gun chaithream buaidh  
 Mu'n cuairt air bòrdaibh féill nan laoch :  
 Gun bhogh' air ghleus, gun chlaidheamh geur  
 A tharruing beum an ám an fhuathais ;  
 Ach tha thu fhéin ag innseadh sgéil  
 Mu linn nan euchd 's nan treun fhear cruidh

Cha léir dhomh 'bhratach mar bu nòs  
 Gu dàn a' seòladh anns a' ghaoith ;  
 Cha léir dhomh 'm fiùran calma, beò,  
 Le shùil gun sgleò a' dòn nan aoigh :  
 Tha sìth mar sgàile daingeinn teann  
 Mu stùc nam beann a' laighe dlùth,  
 'S fo'n lèanaig mhìn ud shìos 'sa ghleann  
 Tha luchd nan lann am bann na h-ùir.

Soraidh slàn gu'n robh gu bràth  
 Do'n ghleannan àigh 's gach màm mu'n cuairt ;  
 O soraidh slàn gach ni a bha  
 'S na gaisgich làidir tha 'nan suain ;  
 Bidh mise triall a nis o'n Dùn,  
 Tha 'n dealt a' tùirling air an raon ;  
 Thug d' achlais bhlàth dhomh sonas àigh  
 Is sealladh àrd air spàирн an t-saoghal.

\* CAISTEAL CHARN-ASARAIHDH.

AONGHAS MAC EACHARD (nach maireann).

## DO LEANABH.

Dean cadalan sàmhach, a chagair 'sa rùin,  
 Co neach nach toir gràdh dhuit 's gur àillidh do ghnùis  
 Dean cadal, a phàisdein, gu sàmhach, sèimh, ciùin,  
 Gu'n robh sonas is àgh leat gu bràth anns gach cùis.

Do shùil lìonta, gorm, meallach 's tlàth sheallas gach uair,  
 Nis air dùnadh an cadal fo d' mhala gun ghruaim;  
 D'aghaidh fhlaitheasach, shòbhalta 's mìnealta snuadh,  
 Gun àrdan, gun mhì-run air sìneadh an suain.

Ge b'e sheallas gu faoilidh air d' aogas gun smùr,  
 Chan fhaic e ach caomhachd gu naomhail 'nad ghnùis;  
 Gur cùbhraidih leam d'anail na'm barrach 'sa bhrìuchd  
 'S e neoinean do shamhladh maduinn shamhraidh fo  
 dhriùchd.

Chuir am Freasdal gu bàidheil gach àgh air do shluagh;  
 O, gu'n tugadh e d'nadur co-fhàs leis am buaidh;  
 Gu'm fàs thu gu banail, ciùin, ceanalta, suaire,  
 'Tabhairt aoibhneis do d' mhàthair an déidh d'àrach a suas.

O ! guidheam, a leinibh, dhuit an deireadh mo dhàin,  
 Am Freasdal bhi 'd stiùradh le cùram gach là,  
 Gus an tàmh thu gu sàbhailt an cala nan gràs,  
 'S do chàirdean 'gad chòmhlich' le deòthas is fàilt.

AN LIGHICHE MACLACHAINN (nach maireann).

## LATHA NA FEILLE.

“ C'aite am bheil sibh a' dol an diugh, a Sheumais?”  
 “ Tha mi a' dol chun na Féille,” fhreagair e.

“ Am bheil an Fhéill ann an diugh?”

“ O ! tha gu cinnteach. Nach robh fios agad gu'n  
 robh?”

“ Cha robh, cha chuala mi smid mu déidhinn.”

“ Siuthad, ma tà, cuir umad is falbhaidh sinn le chéile.”

“ Is e sin as sheàrr domh,” ars esan, “ cha chum m:  
 fada thu.”

An uair a bha Coinneach ullamh, dh' fhalbh e fhéin agus Seumas agus ghabh iad rompa gus an do ràinig iad Beinn an Dròibh. Is ann an sud a bha a' ghleadhraich is an ùbraid; bha uiread ann de dh'eich is de chrodh is de chaoraich is gur h-ann air éiginn a gheibheadh duine àite seasaimh. Bha na balaich bheaga a' ruith is a leum mu'n cuairt agus an leòir spòrs aca 'ga dheanamh air ni no neach 'sam bith a chitheadh iad.

Chaidh Seumas agus Coinneach a null gu taobh a' chnuic far an robh an crodh 'nan seasamh. Bha dithis dhròbhairean an sin a' deasbaireachd ris an luchd reice.

"Dé tha thu ag iarraidh air an agh sin, a bhean?" arsa fear dhiubh.

"Sè puinnd 's a deich," ars ise.

"Nach tu tha gòrach," fhreagair esan, "chan 'eil an sin ach pris eich."

"Tha thu fhéin cho làidir ri each latha 'sam bith," fhreagair ise, "agus cha reic mi aon sgillinn na's saoire e."

"Mur reic gléidh e," ars esan is e a' falbh. "Gléidhidh gun teagamh," ars ise, "is e sin as fheàrr leam na a reic ri duine mi-mhodhail."

Lean na fir eile suas an deidh nan dròbhairean, agus chunnaic iad bodach beag, peallach, le laogh caol, dubh air ròpa.

"Dé th'agad an sin?" arsa fear dhiubh is e a' priobadh air an fhear eile. Ach bha 'm bodach ro ealamh air an son.

"Tha muc-mhara," fhreagair am bodach, oir dh'aithnich e gu'n robh iad air son spòrs a bhi aca, agus chuir e roimhe nach leigeadh e sin leotha.

"Tha e glé choltach ri each uisge co-dhiu," arsa an dròbhair—agus thòisich a h-uile duine timchioll air gàireachd-aich.

"Tha mi ag creidsinn gu'm bheil thu eòlach gu leòir air eich uisge," fhreagair am bodach, "tha iad sin na's saoire na'n fheadhainn eile."

"So dhuit," ars an dròbhair eile, "fhuair thu an té ud."

"Coma co-dhiu," ars esan an uair a sguir a' ghàireachdaich, "dé tha thu ag iarraidh air an laogh?"

"Chan 'eil càil," ars am bodach, "bheir mi dhuit a nasgaidh e. Mur 'eil peighinn ort bu shuarach leamsa "preusant" a dheanamh dhuit dheth."

"O!" ars an dròbhair le feirg," "is ann an da-rìreadh a tha mi; bheir mi dhuit deich ar-fhichead air."

"Prís eich uisge," ars am bodach, air a shocair, "so dhuit e, ma tà, agus is glan is fhiach e e. Feuch gu'm bi thu math dha; ged tha e caol tha càil mhath aige, ithidh e rud sam bith."

Dh'fhalbh an dròbhair leis an laogh agus thionndaidh am bodach ri Coinneach agus ri Seumas.

"Rinn sinn margadh math an diugh co-dhiu, ach mur seall an dròbhair glé bheò chan fhada gus an ith an laogh caol a chòta mór o chùlaibh gun fhios dha; is iomadh paidhir bhròg a dh'ith e ormsa, ach—siubhal math leis!"

AM BUACHAILL in "*An Deo Greine*," Vol. VIII.

### A' PHIOBAIREACHD FHALAINCH.

Cha robh am Pàruig Mac Lùcias ach mac bantraich b<sup>1</sup> ochd, air oighreachd Fir-Stafa, an ceann-a-tuath Mhuile. Mar bu ghnàths le balachain, anns an linn a bh'ann, bhiodh Pàruig o mhoch gu dubh ag cluich feadain—feadan cuilce a rinn e féin—agus le ribheid mhath chònlaich cha robh idir an droch cheòl anns an inneal.

De gach balach aig an robh feadan b'e Pàruig Mac Lùcias a b' fhearr meur. Theireadh cuid gu'n do lean an dùthchas e, oir bha Pàruig de shiòl phliobairean urramach, air an do thog beul-aithris sgeul gu'n do dh'ionnsaich a' cheud fhear diubh an ealain, a dh'aon oidhche anns an t-sìthean.

An uair a bhiodh Pàruig a' buachailleachd a' chruidh taobh nan cnoc, bhiodh am feadan beag daonna 'na chuid-achd. Chluicheadh e sguinn de'n Taorladh 's de'n Chrùn-luadh aig cuid de phuirt cho loinneil 's gu'n abradh cuid ghisreagach de na seann daoine, le crathadh cheann, "Moire! tha thusa de na h-eòin agus a' faotainn leasain anns an t-sìthean." Aon là sin bha Fear Stafa a' dol seachad air tigh na bantraich, air muin eich. Bha Pàruig aig a' cheart ám 'na shuidhe air cloich taobh an tighe, ag cluich an fheadain. Bheachdaich an duin-uasal air grinneas meòir a' bhalachain, agus mharcaich e 'nunn chuige. "An cluinn thu 'ille bhig?," ars esan, "am biodh tu toileach dol a dh'ionns-achadh na piobaireachd?"

"Bhitheadh," ars am balach, "na'n leigeadh mo mhàthair leam." Anns a' bhruidhinn a bh'ann, thàinig a' bhantrach a

mach do'n dorus agus chuir Fear Stafa deagh thraigse mu a coinneimh agus 's e, 'thàinig ás gu'n deach Pàruig a chur do Ulbha, gu Mac Artuir, a bha 'san ám ;ainmeil mar phiobaire agus mar oileanach.

Cha robh Pàruig ach mu dheich bliadhna a dh'aois mu'n ám, ach bha e cho ealamh a thogail a' chiuil 's gu'n deach e seachad air mórán de na bha roimhe, agus fada na bu shine na e. Cha robh " glug " no " snoaim " no " gearradh " am port nach déanadh e cho glan sgiobalta, gus mu dheireadh an robh farmad aig Mac Artuir féin ris. Chluicheadh Pàruig puirt phiobaireachd air nach toireadh a h-aon de 'choimpirean aghaidh, agus air uairibh chan aithnicheadh na coimhearsnaich có a bhiodh ag cluich, Pàruig no Mac Artuir, an uair a chluinneadh iad fuaim na ploba.

'Se thàinig ás a sin gu'n do thòisich Mac Artuir air falach a' chiuil air Pàruig. Thuig Pàruig so. Thug e an aire gu'm biodh Mac Artuir 'ga chur air thurus greis air falbh, uair air bith a thigeadh coigreach urramach an rathad.

Aon là an sud, thàinig duin' uasal an rathad tigh Mhic Artuir. Mar a b'abhaist chaidh Pàruig a chur air ghnothach, ach an déidh dol crioman air falbh thill e, is sheas e 's an dorus chùil.

Thòisich a' phiobaireachd, agus dh'éisd Pàruig gus an do thog e a h-uile meur 'sa " phiobaireachd fhalaich."

Là no dhà an déidh so, chuala Mac Artuir fuaim an fheadain anns an t-sabhal. Dh'éisd e gu mean ris a' cheòl bho thoiseach gu deireadh a' phuirt.

Chaidh e an sin a steach air bhàinidh le féirg.

" C'àite, a dhearg pheasant, an d'ionnsaich thu ám port sin?" ars esan.

" Dh-ionnsaich," ars am balach, "anns an dorus chùil an là roimhe, an uair a bha sibh 'ga chluich do'n duin'-vasal ud, agus tha mi a' dol a dh' innseadh do Fhear Stafa gu bheil sibh a' falach a' chiuil orm."

" Na toir guth air, a rùin," ars Mac Artuir, "agus bheir mise dhuit a h-uile meur anns a' Phiobaireachd Fhalaich."

Bha Mac Artuir cho math r'a ghealladh, agus an là a dh' fhág Pàruig Mac Lùcais Ulbha, cha do chuir plob air gualainn a b'fheàrr na e.

LE IAIN MAC CORMAIC,  
A' cheud duais aig Mòd, 1915.

## MOCH-THRATH.

Gu'n do dhìrich mi suas feadh bhruach is bhadan,  
 'N uair għluais mi maduinn an dé;  
 Bha crònán cho binn aig uillt a' ghleannain.  
 Ri innleachd ealant' nan teud;  
 Bu ghile na neòil na clòimhteach canaich,  
 'Nan cleòcain tarsuinn troimh'n speur,  
 Am breacadh ag crasg mar sgàileig ainnir,  
 'Toirt māldachd maise do'n għréin.

Bha gorm-uchd a' chuain gun għluasad tuinne.  
 Gun fhuaim, gun phlub air a thràigh;  
 'Dealbh tharruing ann féin a réir a chumaidh,  
 Gach creutair lurach 'ga shnàmh,  
 Le 'sgiathan a' sgaoil' mu'n t-saogħal agaġġ,  
 Chan fhaod gu'm breithnich mi 'mheud,  
 'S a chirb bha cho réidh fo m'léirsinn agam.  
 'S i sleuchdtd' am faileas nan neamh.

Builgeadh o'n iasg, 's e blian ri cladach,  
 Is fiām h lainnir 's an t-sail;  
 Gach achadh fo dhéis 's an spréidh air mhachair,  
 O'n d' ēisd mi langan na bà;  
 Coill' nan dos dlùth a' brūchdadħ toraiddi,  
 A lùb nam mogul gu lär;  
 Ribheid 's gach géig bu shéisteach caithream,  
 Ag gleus air meanganaibh àrd.

Bha comhdach nan cluan am buadhan cinneis,  
 'S na h-uain a' ruideis mu'n chàrn;  
 Bu dealrach an drúchd air tuis nam bileag,  
 Sud cùirnean 'sileadh an àigh;  
 An seillean le miadh gu dian a' solar  
 A mhiann á broilleach nam blàth;  
 Luath's aiteil a sgéith ri séirean srannain,  
 'Na leum measg fhailleanan tlàth.

Tha 'm pailteas an stòr Righ mòr nam Flaitheas.  
 Gu slóigh a chumail gun éis;  
 Tha fonn agus cuan le'n eual de mhaitheas  
 A' cruachadh thairis gu léir;  
 Cha d' fhàgadh a' chrion-chnuimh dhíblidh falambh,  
 Tha mirean aice gu feum,  
 'Nis c'uim' gu bheil dìth air miltean leanabh,  
 'Na iomhaigh bheannaichte féin?

O'n thugadh an saoghal saor do'n duine,  
 Sud aobhar tuilleadh de nàir',  
 Gu fuil'ngeadh comh-rian do bhiasdhan gionach  
 A bhiadh a thilleadh o'n phàisd';  
 Na leanabanaibh maoth, ás aogais arain,  
 Gun aoibh aig cagait gun bhlàths,  
 'S an athair bochd fann, 's e crom 'na fhallus.  
 'Cur saill mi-fhallain air càch.

Fhir leis am b' àill an cànan aithris,  
 Gur fàgail Mathais mar tha,  
 'S toibheum do chainnt, is cám do bharail;  
 Nach dall do thagairt an dràsd?  
 Tha 'chuibheall ud clí mar ni nach buin Da,  
 Mur h-innleachd duin' i chan fhearr;  
 Cha chuir i 'n car cruinn le 'chuibhlibh uile  
 A chaoidh, 's gach buill' aice cearr.

IAIN MACPHAIDEIN,  
*A' cheud duais aig Mod, 1895.*

#### LINN AN AIGH.

" An uair a bha a' Ghàidhlig aig na h-eòin,"  
 Bha am bainne air an-lòn mar dhrùchd;  
 A' mhil a' fàs air bàrr an fhraoich,  
 'S a h-uile nì cho saor 's am bàrn.

Cha robh daoine 'pàidheadh mài;  
 Cha robh càin orra no cis;  
 Iasgach, sealgach, agus coill'  
 Aca gun fhaighneachd is gun phris.

Cha robh cogadh, cha robh còmhstri;  
 Cha robh cònsachadh no streup;  
 H-uile h-aon ag gabhail còmhnuaidh  
 Ann an t-seòl bu deoin leis fhéin.

Cha robh guth air creich no tòir;  
 Bha gach dùil tighinn beò an sith;  
 Feum 'sam bith cha robh air mòd,  
 Is lagh na còrach anns a' chridh'.

Dh'òr no dh'airgead cha robh miadh,  
 Sògh is fialachd air gach làimh ;  
 Airc cha d'fhiorsraich duine riamh,  
   'S cha d'iarr aon neach riamh cui'd chàich

Bha coibhneas, comunn, iochd is gràdh,  
 Anns gach àit' am measg an t-sluaigh,  
 Eadar far an eirich grian  
   'S far an laigh i 'n iar 'sa chuan.

Bha gach achadh fo throm bhàrr,  
 Gu làn 's gu torach, air a' chluain ;  
 Bliochd is bainne aig an àl ;  
   Innis anns gach àit' aig buar.

Cha robh feum air cléith no crann ;  
 Chinn gach nì neo-ghann leis fhéin ;  
 Meas is blàths 'sa h-uile h-ám ;  
   A' bhliadhna 'na samhradh gu léir !

IAIN MACCUARAIG

### AM FLURAN.

Nach tog thu do cheann, a fhlùrain ?  
 Nach siab thu o d' shùil an deur ?  
 Ciod uime bheil thu cho tùirseach,  
   Is aingeal a' chiùil 's an speur ?

Tha'n talamh, ar leam, air dùsgadh,  
   'S a' crathadh an drùchd á 'chiabh ;  
 Tha'n caragh ag amharc na's dlùithe,  
   Is faileas a' chùirn dol siar.

Tha rudha an gruaidh nam baideal,  
   Tha gluasad tharainn gu sèimh,  
 Is aghaidh a' chuain ag gabhail  
   A shnuaidh o fhaileas nan neamh.

'S e ughdar do bhith, a fhlùrain,  
   Tha 'g eirigh thar cùl an t-sléibh,  
 Le déis an toraidh 'g a chrùnadh,  
   Is beatha nan dùl fo 'sgéith.

AM FEAR-CIUIL.

## OIDHCHE SHAMHNA.

O cheann beagan làithean, chuir bean Dhomhnuill Bhàin fios orm fhéin agus air bean an tighe a dhol a shealltann oirre feasgar Di-haoine agus dùil aice ri beagan chàirdean eile a bhi ag cèilidh oirre.

Cha tigeadh ás dhuinn diùltadh, ged nach robh móran agam fhéin mu cheann a leithid riamh. Air feasgar Di-haoine, ma tà, dh' fhalbh sinn mu sheachd uairean agus thog sinn oirnn gu tigh Dhomhnuill.

A' dol suas chun an doruis chuala mi fuaim agus gleadhraich neo-àbhaisteach a mach troimh na h-uinneagan. Stad mi. "Eisd ri sud, a Mhairi. Gu dé air an t-saoghal a' ghlòir a tha an tigh Dhomhnuill an nochd?"

"Eisd, bi sàmhach!" arsa ise, is i ag gabhail roimpe. "Nach 'eil a' chlann bheag; nach 'eil fhios agad gur i an nochd *Oidhche Shamhna*!"

"Gu firlinneach tha thu ceart, a Mhairi, cha robh nì a chuimhne agam oirre, ach tha mi glé thoilichte, is toil leam an comhnuidh àbhachd na cloinne bige."

An uair a rainig sinn 's a dh' fhosgladh an dorus, cha chuala mise riamh gàireachdainn cho cridheil 'sa bha ri chluintinn anns an t-seòmar bheag anns an robh a' chlann cruinn.

An uair a sheas mi anns an dorus, leum iad ann am choinneimh agus dh' eubh iad á beul a chéile, "So e! so e! thainig e! thainig e! Am bodach ceòlmhor!" Bha cuimhne aca air an *fhearas-chuideachd* a rinn mi còmhla riutha aig an t-Samhuinn mu dheireadh.

"Gu dé tha sibh a' deanamh a nis," dh' fhaighnich mi, agus mi a' faicinn soitheach mór làn uisce ann am meadhon an t-seòmair ged a bha deagh fhios agam c' arson a bha e.

"Nach 'eil fhios agaibh, a sheanair?" arsa té bheag, bheulach, bhàn. "Tha sinn a' dol a dh' sheuchainn ri ùbhlann a ghlacadh le góbhlagan."

"Am faigh mise ann?"

"Gheibh! gheibh!" arsa iadsan, "ach feumaidh sibhse na h-ùbhlann a thogail le 'ur beul"—agus thòisich iad air gàireachdainn a rithist. "Tha sibh ro chruaidh ormsa" fhreagair mi, "ach so, so mata, feuchaidh mi ribh"

Thòisich sinn orra agus chan iarradh iadsan an tuilleadh spòrsa ach mise fhaicinn a' plumadaich anns an uisce, agus na h-ùbhlan a' ruith bhuam.

Leig sinn ar n-anail an sin ag itheadh nan ùbhlan, ach bha an fheadhainn òga gu cùramach a' gléidheadh nan gràineanan.

Chaidh sinn an sin a steach do 'n t-seòmar mhór a dh' òl cupan *tea*, agus an uair a shuidh sinn aig a' bhòrd agus a sheall mi mu 'n cuairt smaointich mu gu'm bu bhòidheach da-rireadh a' bhuidheann a bha sud.

Balaich òga, chalma; siol nan sonn. Caileagan bòidheach is dearrsadhbh nan ròs 'nan gruaidean, caomhalachd nan Gàidheal a' lasadh 'nan cridheachan; agus iad le chéile fileanta ann an Cainnt nam Beann.

Thill sinn air ais an sin do 'n t-seòmar-chluich agus chruinnich sinn mu'n teine a' losgadh nan gràineanan. "Sud thusa, a Mhairi Bhàn; agus sud thusa, a Dhòmhnuill Ruaidh," agus mi ag cur gu cùramach dà ghràinean taobh ri taobh 'nan laighe air eibhleig theine.

Eisd ! Eisd ! Hup ! "Domhnall ! Domhnall !" arsa na caileagan beaga, is iad a' bualadh am basan. Eisd ! Hup ! a' ris ! "Mairi ! Mairi !" arsa na balaich agus na basan a rithist 'gam bualadh. "Tha sibh glacte ! tha sibh glacte !" ghlaodh an còrr—agus na 'm faiceadh tusa an dearrsadhbh a thainig ann an aodann Mairi Bhig, agus cho socharach 'sa dh' fhàs Domhnall Ruadh ! Lean sinn mar sin o chluich gu cluich, agus sinn gach mionaid a' fàs na b'aighearaiche gus an robh an oidhche air a dhol seachad gun fhios duinn; ach an uair *as fhearr an sùgradh 's ann is còir sgur deth.*

Thòisich sinn an sin ag ullachadh airson a dhol dhachaidh; dh' eirich sinn 'n ar seasamh, ghlac sinn làmhan a chéile, agus air m'fhalach nach robh mi riamh ann an cruinneachadh cho bòidheach, cho cairdeil, cho daimheil, cho ait; agus ged a bha mi cho sona ris an rìgh fad an h-oidhche, feumaidh mi aideachadh gu'n robh mo chridhe goirt agus làn de chianalas an uair a sguir sinn a sheinn

"Oidhche mhath leibh 's beannachd leibh."

AM BUACHAILL,  
anns "An Deo Greine," Vol. VIII.

## TRATHAN NA BLIADHNA.

Tha a shochair agus a shùgradh féin ceangailte niss gael tràth de'n bhliadhna. Anns an Earrach tha gach ni mar gu'm b'ann a' dùsgadh bho chadal fada, trom; tha úrad agus ailleachd r'am faicinn air gach preas, coille is màgh; dichioll agus dealas air an nochdad le daoine ann an cur an caochladh oibrichean air an aghaidh. Tha an tuathanach a nis trang a' deasachadh an fhearainn air son an t-sil. Tha coin an athair ag gluasad gu déanadach 'nan saothair uaigneich, sheòlta féin. Thig an Samhradh grianach, ceutach le blàths agus aoibhneas, agus thig gach crann gu luath fo bhlàth. Cluinnear guth binn nan eun ag éirigh bho gach doire, is "mac-talla a' freagairt fuaim am feadain." Tha iomhaigh shuilbhír, aighearach a nis air aghaidh an t-saoghal gu léir. Thig am Foghar, agus tha a obair fhéin aige r'a dhèanamh. Tha toradh trom, brioghlmhor na talmhainn abaich, agus deas, air son a ghearradh sios, agus bithidh na buanaichean dian "le corran càm-ghorm, geur-fhiaclach." Tha iadsan a chuir le dòchas an toiseach na bliadhna, a nis a' faighinn an seirbhis air a dioladh gu pait. Ach ged tha broilleach na talmhainn sgeadaichte le culaidh riomhach, tha sanas 'gathoirt seachad gu'm bheil an uair a' ruith gu luath anns am failing deise mhaiseach nam fonn mùthadh mór. Thig an Geamhradh dorcha, garbh-fhrasach, an uair a bhitheas maise-nam beann, nan cluaintean is nan coilltean air falbh, agus bithidh dubhachas sgriobhte air aghaidh Nàduir. Ged tha cuid de na bàird ainmeil a' diomoladh a' Gheimhridh, gidheadh, tha a ghlòir ghruamach, ghailleannach fhéin aig an tràth so de'n bhliadhna.

"Am feadh a mhaireas an talamh, cha sguir ám an t-sil-chur agus foghar, agus fuachd agus teas, agus samhradh agus geamhradh, agus là agus oidhche."

*"An Gàidheal," Inbhirnis, 1873.*

## CUMHACHD A' CHIUIL.

Tha fhios gu'm bheil cuimhne agaibh mar labhair *Shakespeare* mu bhuaidh a' chiùil air inntinn an duine. Bithidh na spioradan as àirde agus as uaisle am measg dhaoine ag cumail a mach gu'n cluinn iad reultan na maidne a' seinn laoidhean molaidh do'n Ti a dhealbh iad. Do'n chluais a tha air a gleusadh a chum ciùil, tha Nàdur uile ceòlmhor, mar chòisir ro òirdheirc. Tha gleann domhain, uaigneach ann as aithne dhomh; allt a' ruith troimh ghrunnd a' ghlinne; leum-uisge àrd air an allt; coille dhosrach air gach taobh dheth; béinn àrd, chorrrach, trasd air ceann a' ghlinne, agus a' mhuir sharsuing aig a bhun. 'Nuair a bhithheadh gaoth làidir o'n mhuir a' séideadh suas troimh'n ghleann sin, is tric a shuidh mi air leth-taobh a' bhruthaich, ag éisdeachd le àrd-aoibhneas ris a' cheòl a dh'eireadh ás;—tromh thoirm na gaoithe ri aodann na beinne; torman an easa ag éirigh 's a' tuiteam air a' ghaoith; morbhan an tìllt a' ruith gu mireanach do'n chuan; ceòl fonnmhòr na coille, is gaoir caochlaideach na mara ag cur co-sheirm ris an iomlan; an t-iomlan sin a' dèanamh suas ciùil nach cualas a leithid anns an teampull as greadhnaiche a thogadh riambh le làmhaibh.

Bithidh na daoine a tha a' saoilsinn gur iad fhéin a mhàin na h-uaislean, a' faotainn coire do'n fheadhainn ris an abair iad na h-islean, air son an ana-caitheimh, agus ag ràdh gu fanайдeach nach 'eil feum acasan air *pianos* agus a leithid sin. C'arson nach bitheadh *pianos* aig ar luchd-oibre? Tha a' cheart uiread còir aig daoine bochda air inneal-ciùil 'sam bith a bhi aca, ma's urrainn iad, 's a tha aig daoine beartach, agus cha cheannaicheadh iad fiodhull no feadan mur bitheadh iad toigheach air ceòl, agus mur bitheadh iad ag creidsinn "gur mothà a' bheatha na'm biadh, agus an corp na'n t-aodach." Ma tha duine déidheil air ceòl, sin sòlas a mhaireas dha fad làithean a bheatha. Theirinn ri párantan a tha ag cleachdadhl a bhi a' leughadh na duillig so; cothrom a thoirt d'an cloinn inneal - ciùil air choireigin a chluich. Cuiridh gaol a' chiùil fuadach air iomadh droch rud eile ás an cridheachan, agus fosglaidh e dorsan dhoibh a steach do sheòmrainchean cùbhraidh, far am faic agus am fairich iad nithean maiseach agus ion-mhiannichte.

## AN SIONNACH 'S AN CRANN-FIONA.

Is e am madadh-ruadh a theirear gu tric ris an t-sionnach. Bha madadh-ruadh ann roimhe so, agus air dha a bhi a' falbh an fhàsaich air là tioram teth, dh' fhàs e ro phàiteach, is cha robh uisge no nì air bith eile r'a fhaighinn a chaisgeadh iotadh. Mu dheireadh ciod e a chunnaic e ach craobh fhion-dhearcan. Bha na dearcan ro bhrèagha, a h-uile aon diubh abaich, agus iad cho lìonmhòr 's gun robh iad a' lùbadh bàrran nam meangan. Ars am madadh-ruadh, is e ag amharc suas ris a' chraoibh, "Is fearr so na tobar fioruisg; dé na tha an sin de fhion-dhearcan, gach aon diubh cho maiseach is cho làn, is iad a chaisgeas mo thart." An sin thug e leum suas ris a' chraoibh, an dùil gu'm biodh làn a chraois aige tighinn air ais. Ach ged bha e a' leum cho àrd 's a bha 'na sheiche, cha b'urrainn da ruiginn leth na slighe gus na bagaidean sùghmhòr, milis a ghlacadh, a bha an crochadh os a chionn. Leum e, is leum e, gus an robh e seachd sgith, ach ged bhiodh e a' leum fhathast cha ruigeadh e air aon dearc. Mu dheireadh dh'fhalbh e, is ag coimhead air ais le suarachas ris a' chrann-fhiona, ars esan, "Tha mi coma de na flòn-dhearcan sin,—tha iad searbh."

SEANN SGEULACHD.

## NA LOSGANNAN AG IARRAIDH RIGH.

Ghairm na losgannan—agus iad ag caitheamh am beatha ann an sìth agus saorsa air feadh nam boglach 's nan lochan—coinneamh chabhagach, aimhreiteach aon là, agus chuir iad suas athchuinge a dh' ionnsaigh Iupiter air son gu'n d'thugadh e dhoibh righ a dh' amhairceadh ás déidh am beusan, agus a bheireadh orra a bhi beagan na b'onaoraiche 'nan cleachdainnean. Thuit do Iupiter gu'n robh saod meadhonach math air 's an ám; ghàir e gu cridheil air iarrtas cho neònach, agus thubhairt e, is e a' tilgeil cabair fhiodha anns an uisge, "So dhuibh, sin agaibh righ." Chuir an cabar a leithid de luasgan anns an uisge 's gu'n do ghabh na losgannan eagal mór, agus bha geilt orra tighinn g'a chóir. Ach an ceann beagan tìine, an uair a chunnaic iad e 'na laighe gun char, ghabh iad de mhisнич dlùthachadh air a lion beag is beag, gus mu dheireadh an do leum iad suas air,

agus a' faicinn nach robh cùram doibh, ghnàthaich iad an cabar le dìmeas mar a thogair iad. Cha robh iad idir toilichte le rìgh cho marbhanta, agus chuir iad air falbh an teachdairean a rithis a dh'iarraidh air Jupiter fear air choireigin eile a thoirt dhoibh, oir am fear so, cha d'thug iad urram dà, agus cha mhò a b'urrainn doibh meas a chur air. An uair a chuala Jupiter so, chuir e corra-ghriothach g'an ionnsaigh, a thòisich gu neo-iochdmhor air am marbhadh 's air an itheadh aon an déidh aoin, cho bras 's a b'urrainn dì. Chuir iad an sin an guidhe gu h-uaigneach gu Mercurius, agus fhuair iad gu'n deachaidh e a bhruidhinn ri Jupiter ás an leth, gu'm biodh e cho math agus rìgh eile a bhuleachadh orra, air neo an aiseag air an ais a dh'ionnsaigh na staid anns an robh iad o thoiseach. "Ni h-eadh," ars esan, "oir is e an roghainn féin a bh'ann; bitheadh na biastan mi-thoilichte a' fulang a' pheanais a tha an gòraich a' toilltinn."

SEANN SGEULACHD.

### SONAS NAN AINMHIDH AGUS NAN EUN.

Tha e ro thaitneach a bhi a' beachdachadh air-suilibhireachd agus air toil-inntinn nan ainmhidh agus nan eun, an uair a bhitheas an aimsir freagarrach air an son. Cò nach d'thug fainear an gàirdeachas a nithear leis na h-eoin bheaga, agus na binn-cheilearan leis an seinn iad ri blàths an Earraich agus an t-Samhraidh? Is minig, air an dòigh so, tha iad 'nan aobhar farmaid do mhac an duine, a tha, air-amannan, trom, muladach le trioblaidean, agus sàraichte le amhgharan an t-saoghail so! Tha móran aig an duine 'na chomas a chum sonas nan creutair sin a mheudachadh, a thugadh dhà air son feuma àraidh; faodaidh e a bhi air son lòin g'a bheathachadh, agus air son an earraidh leis am bheil e air a sgeadachadh. Gu cinnteach, uime sin, is e dleasnas an duine a bhi a' buntainn gu càirdeil riutha. Tha cuid ann, gidheadh, a tha ag gabhail tlachd ann a bhi a' milleadh agus a' marbhadh nam beathaichean neo-chiontach sin, nach 'eil a' deanamh croin air neach no air ni 'sam bith mu'n cuairt doibh. Tha na h-ainmhidhean comasach air an taingealachd féin a nochdadh dhoibh-san a bhitheas càirdeil riu, agus ni iad sin gu treibhdhireach, agus gun fhoill 'sam bith. Is math a dh' aithnichreas iad an neach sin a bhitheas càirdeil riu. Aithnichidh a' mhuc fhéin an neach a bhitheas gu riaghailteach



'ga beathachadh, agus air a dòigh fhéin bheir i taing dhà. Nochdaidh an crodh an toil-inntinn féin an uair a chì iad a' mhuinnitir a bhitheas a' frithealadh orra. Crathaidh iad an cluasan, agus sinidh iad a mach an sròn, mar chomharadh air an deagh-ghean féin. Ni, mar an ceudna, an cù móran othail ris-san a nì dheth, agus a bhitheas coibhneil ris. Agus faicibh an sean each dubh ud, a ràinig còrr is fichead bliadhna a dh' aois, agus tha e ceart cho eòlach air gach neach mu'n cuairt da r'a mhaigistir féin. Faicibh e a' toirt foise d'a cheann air a' chachaileith, an uair a tha e a' faicinn fear-an-tighe a' dlùthachadh ris, an dùil gu'm faigh e grunnan coirce no crioman arain ás a làimh. Mar so, tha e mar fhiachaibh air na h-uile a bhi càirdeil, coibhneil ris na brùidean bochda nach urrainn an uireasbhuidhean féin innseadh, agus gun a bhi an dòigh 'sam bith a' toirt droch ghréidhidh dhoibh. Tha an duine glic anns a' Bhiobull ag ràdh mar so, "Bithidh cùram aig an duine ionraic do bheatha 'ainmhidh, ach is an-iochd-mhor truacantais nan aingidh."

*"An Gaidheal," Inbhirnis, 1873.*

### FASACHADH NA GAIDHEALTACHD.

Cha mhaenias no gáir' tha'n dràsd air m'aire,  
Gu'n iarrainn mo chlàrsach 'thàir am fagus;  
Cha chluinnear mo dhàn am fàrdaich aigheir  
'S mi 'n dràsd gun chaidreabh sòlais.

Marbh'aisg air an làimh chuir sgànradh fada,  
Thar monaidh is sàil, fo shàir nam beannaibh;  
Bu shona mo là an gràdh nan gallan,  
Nach fàiltich Carrant' na's mò mi.

Fhuair mi na làraich fàsail, falamh,  
An àirigh 's am b' àbhaist tàmh a ghabhail  
Gun sealgair, gun bhàrd, gun nàmh a' bhradain,  
B'e fàth làn-aigheir bhi còmhl' riù.

'S na doireachan dlùth 'n robh sùgradh 's aighean  
Chan fhaicear le sùil ach cùirt nan taighean;  
Gun eilid air stùc, is—crùnadhbh m'airsneil—  
Luchd ciùil nam beannaibh air fògairt.

Gach sruthan is allt 's a' cheann le brùthach,  
 Gach tulach, gach meall 's gach gleann a' tuireadh ;  
 Tha còisir nan crann gun rainn, gun luinneig,  
 Bho'n chaill iad buidheann nan òran.

Ach 's éiginn bhi triall, tha 'ghrian air laighe,  
 'S ag éirigh 's an iarmailt fiambh na gaillinn ;  
 Tha smaointeán ro-chianail 'lionadh m'aigne  
 'S mi 'm bliadhna gun charaid ni m' sfeòraich.

AONGHAS MAC EACHARN (*nach maireann*).

### TEACHD AN T-SAMHRAIDH.

Tha an samhradh air tighinn. Tha am Freasdal, le làimh thairbheartaich, a' taomadh a mach saoibhreas a mhaiteis anns an tomhas as pailte air gach dùil bheò. Tha blàths agus aoibhneas a mach air feadh an t-saoghal, agus chan 'eil obair eile aig an ráith shona so ach ag uigheamachadh air son gach ni à tha feumail agus taitneach do mhac an duine, agus freagarrach gu àrd thaingealachd a dhùsgadh 'na chridhe. Tha am pòr a chuireadh anns a' Mhàrt a' teachd a nis a mach 'na fhochann bòidheach; tre chumhachdaibh diomhair Nàduir, is le feart na gréine, tha meas de gach seòrsa a' fàs anns na liosaibh. Fo mhile suaireantas riomhach chithear lusan na machrach a' fàs gu dosrach, ùrar; cha robh Righ Solamh riamh cho àillidh riu. Nach lionmhòr an àireamh, agus nach maiseach an snuadh ! Nach dealachte o chéile 'nan gné is 'nan coslas gach feòirnean agus lus, gach preas agus crann a tha a nis a' fosgladh a mach an duillich, o'n chòinnich iosail, uaine, gu ruig an darach làidir, righ na coilltich. Siubhlamaid far an àill leinn, gu mullach an fhirich as àirde, no gu uaigneas a' ghlinne as isle, tachraighean oirnn anns gach àite àilleachd ùr. Nach bòidheach na blàthan maotha a tha ag cinntinn mu bhruachan nan sruth, — an t-sòbhrach, an neoinean, is a' bhiolair uaine. Amhaic os do chionn,—nach oirdheirc dreach nan speur; amhaic air an lär, agus faic an trusgan sgèimheach leis am bheil na cluaintean air an còmhdaichadh. Eisd ris a' cheòl mu d'thimchioll; tha a' chòisir cheòlmhor a mach air gach preas. Cluinnear fad ás crònan binn nan allt, monmhur

cianail nan eas, agus toirm throm an t-saimh. Chan ionghnadh ged sheinneadh am bàrd :—

Na'n innsinn sios gach ni bu mhiann leam,  
 Ann am briathran seòlta,  
 Cha chuirinn crioch le dealbh am bliadhna  
     Air ceathramh trian de'n b'eòl domh,  
 Mu ghlòir nan speur, 's an t-saoghal gu léir,  
     A llon le h-eibhneas mór mi,  
 'Nuair rinn mi éirigh maduinn chéitein  
     'S dealt air feur nan lòintean.





